



## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

### TAIC DO PHRÒISEACTAN BEAGA GÀIDHLIG

SUPPORT FOR SMALL GAELIC PROJECTS

FOIRM-IARRTAIS / APPLICATION FORM

#### MU DHEIDHINN NA BUIDHNE / ABOUT YOUR ORGANISATION

Ainm na Buidhne / Name of Your Organisation

Comunn na Gàidhlig

Ainm a' Phròiseict / Name of the Project

Cuach na Cloinne 2024

Cathraiche / Chairperson

Calum Iain Macleòid

Fòn / Telephone

01851701802

Fòn-Làimhe / Mobile Phone

Post-d / e-mail

Seòladh Iarrtais / Application Address

An Tosgan  
54 Seaforth Road  
Stornoway  
Isle of Lewis  
HS2 2SD

Làrach-Lìn / Website

[www.cnag.org](http://www.cnag.org)

Obair na Buidhne / Nature of Organisation's Work

Chaidh Comunn na Gàidhlig a stèidheachadh ann an 1984 gus leasachadh na Gàidhlig a cho-òrdanachadh, agus 's e companaidh earranta le inbhe charthannais a th' ann. Anns an latha an diugh tha a' chompanaidh an sas an obair leasachaidh, gu sonraichte am measg òigridh, fo chùmhnhant aig Bord na Gàidhlig agus grunnan ughdarasan ionadail. Tha oifisean aig CnaG ann an Inbhir Nis, agus Steòrnabhagh agus luchd-obrach a bharrachd ann an Uibhist, Barraigh, Na Hearadh, an Eilean Sgiathanach, Muile, Ille, Oban, Loch Abair, Glaschu, Comar nan Allt is Dùn Èideann.

A bheil Poileasaidh Gàidhlig aig a' Bhuidheann agaibh? / Has your Organisation got a Gaelic Policy?

Tha poileasaidh Gàidhlig ChnaG a' daingneachadh gu bheil an cuid obrach air fad air a chumail sa Ghàidhlig.

## MU DHEIDHINN A' PHRÒISEICT / ABOUT YOUR PROJECT

Innsibh dhuinn **beagan** mun phròiseact, agus ciamar a bhios am pròiseact a' coileanadh nan trì Amasan Ro-innleachdail taobh a-staigh Plana Gàidhlig na Comhairle, mar a leanas:

- Gàidhlig a neartachadh mar chànan taobh a-staigh an teaghlaich
- Gàidhlig a nearteachadh mar chànan sa choimhearsnachd
- An àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan àrdachadh

*Tell us briefly here about your project, and the ways in which your project meets any of the three Strategic Objectives in the Comhairle's Gaelic Language Plan, namely:*

- To strengthen Gaelic as a language in the family
- To strengthen Gaelic as a language in the community
- To increase the number of Gaelic speakers in the Islands

'Se farpais ball-coise son clann aig aois bun-sgoil bho air feadh Alba a th'ann an 'Cuach na Cloinne' – a tha ga ruith is ga chluich gu tur 'sa Ghàidhlig. Tha an fsharpais air a bhith a' ruith airson grunnan bhliadhna agus a' soirbheachadh gu math le sgoiltean bho air feadh Alba a' gabhail pàirt. Thatas an dùil farpais na bliadhna sa a chumail sa Chèitean agus san t-Ògmhios. Sna h-Eileanan an Iar, bidh farpais againn an Steòrnabhagh airson sgiobannan Leòdhais sna Hearadh agus farpais eile an Lionacleit airson sgoiltean Uibhist is Bharraigh. Bidh sgioba bho gach farpais a' dol troimhe chun Cuairtean Deireannach, far am bidh iad a' coinneachachadh ri sgiobannan a sgoiltean bho air feadh Alba.

Tha an òigridh a bhios an sàs san fsharpais a' faighinn cothrom ta obh a-muigh na sgoile an cuid Gàidhlig aca a cleachdad. Tha iad a' faighinn misneachd bho bhith a' cluich spòrs tron Ghàidhlig am measg an co-aoisean bho air feadh na h-eileanan. Agus dhan sgiobannan a gheibh troimhe chun Cuairtean Deireannach, tha iad a' faighinn turas air falbh, far am bidh iad a' fuireach an ostail airson co-dhiu aon oidhche. Tha seo na dheagh phàirt de bhith a' fàs suas agus tha e a' còrdadh riutha gu mòr. Tha iad cuideachd a' measgachadh còmhla ri òigridh bho air feadh Alba, agus a faighinn dearbhadh gu bheil a' Ghàidhlig air a cleachdad air feadh Alba, agus nach ann direach sna h-Eileanan an Iar, rud a tha gu math feumail dhaibh.

Ann an 2023, bha an fsharpais nas mothà na bha e a-riamh le 76 sgioba a' gabhail pàirt ann – a' daingneachadh cho math 's a tha e a' còrdadh ris an òigridh agus na sgoiltean a bhith a' gabhail pàirt ann. Bha clàradh farpais Leòdhais is Na Hearadh bho 2023 leis a h-uile sgoil le FTMG a' gabhail pàirt ann. (Ach bun-sgoil Uig leis gu robh tachartas Dileab air an aon latha – dh'fheuch an sgoil seo atharrachadh, is iad cinnteach nach tig dad san Rathad orra bho bhith a' gabhail pàirt am bliadhna seo!)

**Cuin a bhios am Pròiseact a' tòiseachadh, agus a' crìochnachadh? /**  
*When will the Project commence, and be completed?*

Bidh a' phròiseact a' tòiseachadh sa' Giblean agus a' crìochnachadh san Ònamh 2024

**COSGAISEAN A' PHRÒISEICT /  
PROJECT COSTS**

Innsibh dhuinn sna bucais gu h-iosal dè na cosgaisean a tha an lùib a' phròiseict /

Please indicate in the boxes below what the costs of the project are:

	£
<b>COSGAISEAN LUCHD-OBRACH / STAFFING COSTS</b>	5,500
<b>TACHARTASAN / EVENTS</b>	
<b>UIDHEAMACHD ÙR / NEW EQUIPMENT</b>	
<b>COSGAISEAN DEALBHAIDH NO OBAIR-DEALBHAIDH / DESIGN OR PRODUCTION COSTS</b>	
<b>COSGAISEAN TOGLAICH NO OIFIS / BUILDING OR OFFICE COSTS</b>	
<b>FOILLSEACHADH NO SANASACHD / PUBLISHING OR ADVERTISING</b>	
<b>SIUBHAL / TRAVEL</b>	5,500
<b>EILE / OTHER</b> Minich gu h-iosal: / Specify Below:	1,500
<b>COSGAISEAN A' PHRÒISEICT GU LÈIR / TOTAL PROJECT COSTS</b>	£12,500.00

**COSGAISEAN A' PHRÒISEICT  
ANN AN DOIMHNEACHD /  
DETAILED BREAKDOWN OF  
PROJECT COSTS**

**Innsibh dhuinn sa bhucas gu h-iosal, ann am barrachd doimhneachd, ciamar a tha cosgaisean a' phròiseict a' briseadh sìos. /**

*Please provide, in the box below, a more detailed breakdown of the project costs.*

1) Pàircean/Rèitirean/Buinn/Neach-dealbhan: Tha 6 àitean dhìth son na h-iar-chuairtean dhan fharpais; (2022: Steòrnabhagh, Lionacleit, Inbhir Nis, Am Ploc, an Obain agus Glaschu). Tha aon àite a dhìth son an cuairt-dheireannach – gu h-àbhaisteach Inbhir Nis. Bha cosgaisean a fhuaireadh son 2019 air an tomhas aig ire **£1,000**

2) Cosgaisean neach-stiùiridh (Manaidsear am Pròiseact) = 5 latha = £1,550  
Cosgaisean luchd-obrach (dithis gach ‘iar-chuairt’) x 6 = 12 latha gu h-iomlan £3,600  
Cosgaisean siubhal/còmhnaidh an luchd-obrach = £1,100  
Cosgaisean ‘rianachd’ (ionmhas, fòn, msaa) = £250  
‘Luchd Obrach’ – Gu h-iomlan: **£6,500**

3) Taic dha na sgoiltean. Cha ghabh seo mhìneachadh gu mionaideach, oir tha e crochadh air cò na sgoiltean thig an sàs ‘san fharpais, ach bhathar a’ tabhann taic airgid dha sgoiltean a bha pìos nas fhaide falbh bho na pàircean/aitean san robh na geomachan gan cluich, agus gu sònraichte son na cuairtean dheireannach.  
**Tuairmse £5,000**

Cosgais na Farpais gu h-iomlan (1+2+3) **£12,500**

**TAIC-AIRGID EILE /**  
**OTHER FUNDING**

£

**BHO MHAOIN FHÈIN / FROM OWN RESOURCES**

500.00

**BHO BHUIDHNEAN EILE / FROM OTHER ORGANISATIONS**

**Mìnich gu hìosal:** / *Specify Below:*

**Bòrd na Gàidhlig.....**

4,000.00

**Comhairle na Gàidhealtachd.....**

4,000.00

.....

**BHO BHUNAITEAN EILE / FROM OTHER SOURCES**

**Mìnich gu hìosal:** / *Specify Below:*

.....

**TAIC-AIRGID EILE GU LÈIR /**  
**OTHER FUNDING IN TOTAL**

£8,500.00

£

**TAIC-AIRGID GU LÈIR A THATHAR A' SIREADH  
BHO CHOMHAIRLE NAN EILEAN SIAR /  
TOTAL FUNDING SOUGHT FROM COMHAIRLE NAN  
EILEAN SIAR**

4,000.00

**BARRACHD FIOSRACHAIDH /  
ADDITIONAL INFORMATION**

**Ma tha feum agaibh, cleachdaibh am beàrn seo gus innse dhuinn mu dheidhinn càil eile a thathar a' faireachdainn a bheireadh taic dhan iarrtas: /**

*If necessary, use this space to tell us about anything else which it is felt would support this application:*

Channainn gu bheil a' phròiseact a tha seo a' toirt luach-airgid dhan buidhnean maoineachaidh air fad leis gu bheil buidhnean eile a' cur taic-airgid ris. Ann an suidheachadh na Comhairle, tha iad a' faighinn a-steach air pròiseact £12.5k airson taic-airgid de £4k.

Tha deagh chliù aig a' phròiseact agus tha e a' togail iòmhraig na Gàidhlig aig ire ionadail agus nàiseanta. Tha sgiobannan nan Eilean daonan a' dèanamh math san fharpais le suas ri ceithir dhiubh tric a' faighinn troimhe chun Cuairtean Deireannach air tir-mòr.

'S iad sgiobaidean às na h-Eileanan Siar a ghlèidh an cupa an 2015, 2016, 2018 agus 2019 (Lacasdail, Siabost agus lochdair X 2!) agus tha e math dhaibh dearbhadh gu bheil iad cho math, agus gu tric nas fheàrr na sgiobaidean à àitean eile. Cuideachd an 2017, chaidh na Cuairtean Deireannach an cumail aig Pairc Inverness Caledonian Thistle, agus fhuair na sgoiltean a fhuair troimhe chun Cuairtean Deireannach beagan trèanadh bho coidsichean ICT. Bhiodh sinn an dòchas an dearbh rud seo a dhèanamh a rithist an 2024.

Dha ri-ribh 's e highlight na bliadhna a th'anns an fharpais airson òigridh tro foghlam Gàidhlig agus 's e latha air leth a th'ann coinneachadh ri òigridh bho dhiofar sgìrean agus a Ghàidhlig ri chluinntinn ann an roinn spòrs. Seo an tachartas Gàidhlig as mothà a tha anns na h-eileanan tron Ghàidhlig.

**FIOSRACHADH BANCA /**  
**BANK DETAILS**

**Ainm a' Bhanca / Name of Bank**

**Ainm air a' Chunntas / Name on Account**

Comunn na Gàidhlig

**Còd-dearbhaidh / Sort Code**

**Àireamh Cunntais / Account Number**

**DEARBHADH / DECLARATION**

**Cho fad 's is aithne dhomh, tha am fiosrachadh san fhoirm iarrtais seo ceart, agus tha mi a' daingneachadh nach rachadh ar pròiseact air gun taic seo bho Chomhairle nan Eilean Siar .**

*To the best of my knowledge, the information provided in this form is correct, and I confirm that the project would not proceed without this grant assistance from Comhairle nan Eilean Siar.*

**Ainm / Name**

Marina Mhoireach

**Ceann-latha / Date**

12/01/2024

**Ainm Sgriobhte / Signature**

**Cuir am Foirm iarrtais crìochnaichte air ais gu:**

Sgioba na Gàidhlig,  
Comhairle nan Eilean Siar,  
Rathad Shanndabhaig,  
Steòrnabhagh, HS1 2BW

*Return completed Application Form to:*

Sgioba na Gàidhlig,  
Comhairle nan Eilean Siar,  
Sandwick Road,  
Stornoway, HS1 2BW